



ceumannan 5

ceumannan 5

Aonad 3.1

An Saoghal Annasach
Earrannan Eisteachd

Aonad 3.1 An saoghal annasach

Earrann bhidio 1 an cois Eacarsaich 3

Alba Annasach

1 Uilebheist Loch Nis

Tha sgeulachd uilebheist Loch Nis ainmeil air feadh an t-saoghail. A h-uile bliadhna bidh na mìltean de luchd-turais a' tadhal air Loch Nis agus an dòchas Nessie fhaicinn. A-rèir choltais, chunnaic Colm Cille an t-uilebheist anns a' bhliadhna còig ceud seasgad 's a còig. Ann an 1933 nochd a' chiad dealbh-camara de Nessie, ach chan eil an dealbh furasta a dhèanamh a-mach. Tha clàr oifigeil de chunntasan Nessie ann. Chithear sin air-loidhne. Tha fiù 's camara beò a' ruith air an loch fad na h-ùine agus faodaidh tu coimhead air an loch air-loidhne uair sam bith. A bheil uilebheist dha-rìribh am falach ann an Loch Nis? An e dìneasar a th' innte? No an e iasg mòr a th' ann? Dè do bheachd fhèin? Nessie ann no às, tha eaconamaidh na Gàidhealtachd a' dèanamh nam milleanan aiste a h-uile bliadhna!

2 Am plèan a chaidh a dhìth ann am Muile

Aig àm na Nollaig 1975, chaidh Peadar Gibbs agus am plèan aige a dhìth ann an Gleann Forsa ann am Muile. Chaidh am poileas, muinntir an àite agus luchd-teasairginn nam beann a-mach a choimhead airson Gibbs, ach cha do lorg iad dad. Ceithir mìosan às dèidh sin, chaidh corp Gibbs a lorg air a' mhonadh mu leth mhìle air falbh. Bha seo gu math neònach oir bha na h-ùghdarrasan air coimhead san dearbh àite iomdach uair roimhe gun dad a lorg. Rud eile a bha uabhasach neònach, cha robh Gibbs air a dhroch leòn idir agus cha robh a chorp air grodadh. Ciamar a fhuair e an sin? Cha robh sgeul air a' phlèan agus cha robh paraisiut air Gibbs. An robh cuideigin eile anns a' phlèan? An deach Gibbs a mhurt? Chan eil fhios aig duine fhathast dè thachair an oidhch' ud agus cha deach plèan Gibbs a lorg a riamh.

3 Yeti na Gàidhealtachd

Tha tòrr shreapadairean ag innse sgeulachdan mu uilebheist mòr eagalach a chunnaic iad air Beinn MacDuibh. 'S e *Am Fear Liath Mòr* an t-ainm a th' air an uilebheist. Canaidh sreapadairean gu bheil iad a' cluinntinn cheumannan, a' faicinn faileas mòr anns a' cheò agus a' faireachdainn dubh eagal neo-àbhaisteach. A bheil *Yeti* dha rìribh anns a' Ghàidhealtachd? Chan eil luchd-saidheans ga chreidsinn. Tha iadsan ag ràdh nach eil ann ach *Brocken-Spectre* (mealladh-fracdhairc na sìde). Ge b' e dè th' ann, bidh e a' cur eagal am beatha air tòrr shreapadairean fhathast.

4 Maighdeann-mhara Bheinn na Fadhla

A-rèir choltais, chaidh maighdeann-mhara a lorg ann am Beinn na Fadhla ann an 1830. Bha grunn dhaoine air an tràigh agus chunnaic iad an creutair a' snàmh sa mhuir. Bhuail fear de na daoine an creutair bochd le clach agus dh'fhalbh i. Dà latha às dèidh sin, chaidh a lorg marbh air an tràigh. Thathar ag ràdh gun robh i cho beag ri pàiste mu thrì bliadhna a dh'aois le falt fada dubh agus earball fada mar bhradan. A-rèir na sgeulachd, chaidh an creutair a thiodhlacadh le muinntir an àite faisg air an tràigh. Chaidh rannsachadh a dhèanamh air an tràigh o chionn ghoirid ach cha deach fianais sam bith a lorg fhathast.

5 Sealladh annasach ann an Druim

Bha Raibeart Goddard na phaidhleat ann am Feachd an Adhair. Ann an 1935, bha e a' siubhal leis fhèin ann am plèana beag eadar Alba agus Sasainn. Bha e a' sgèith thairis air seann raon-laighe ann an Druim, faisg air Dùn Èideann. Anns a' chiad chogadh bha Druim na phort-adhair airson feachd

an adhair. Bha Druim a-nis ann an droch staid. Cha robh càil ann ach crodh agus caoraich agus seann togalaichean briste.

Thàinig stoirm mhòr agus bha plèana beag Goddard ann an cunnart. Thòisich e a' dol sìos. Airson mionaid, stad an stoirm. Chunnaic Goddard Druim tro na sgòthan. Bha an t-àite a' coimhead ùr! Air a' ghrund bha tarmac ùr, plèanaichean buidhe agus meacanaigean ann an deiseachan gorma ag obair gu trang. Bha seo uabhasach neònach! An-ath-mhionaid thàinig an stoirm air ais. Chaidh Druim às an t-sealladh. Air ais ann an Sasainn, dh'inns Goddard mu na chunnaic e. Cha robh duine ga chreidsinn.

Ann an 1939, dh'fhosgail Druim às ùr. Chuir feachd an adhair tarmac ùr ann agus fhuair iad plèanaichean buidhe. Fhuair na meacanaigean deiseachan ùra gorma — dìreach mar a chunnaic Goddard ann an 1935 – ceithir bliadhaichean mus do thachair e! An robh Goddard air siubhal air adhart ann an tìm an latha stoirmeil ud? Co aige a tha fios?

Earrann 1 **an cois Eacarsaich 4** *Oidhche fhada ann an Sasainn Nuadh*

Bha mi ann an Sasainn Nuadh ann an Ameireaga anns a' bhliadhna dà mhìle as t-fhoghar. Bha mi-fhèin 's mo bhanacharaid, Catriona, a' siubhal timcheall a' coimhead nan coilltean àlainn dathach a tha ainmeil air feadh an t-saoghail aig an àm sin den bhliadhna. Bha sinn gu bhith a' fuireach ann an leabaidh agus bracaist airson dà oidhche ann an seann taigh fiodha, taighean a tha cumanta anns a' phàirt seo den dùthaich.

Ràinig sinn an taigh iomallach mu shia uairean feasgar le sneachda air laighe. 'S e dithis bhoireannach a bha air an taigh ùr cheannach a bha a' fuireach ann. Bha iad gu math càirdeil rinn agus an dèidh grèim bìdh agus seanachas, chaidh sinn dhan rùm-cadail.

Bha an rùm-cadail farsaing le uinneagan mòra agus dà leabaidh ann. 'S e oidhche fhuar le sneachda agus reothadh a bh' ann le gealach shlàn shoilleir a' deàrsadh a-steach dhan rùm. Thuit sinn nar suain-chadail gu math luath. Dhùisg mi tron oidhche agus 's ann a ghabh mi uabhas an nì a chunnaic mi an oisinn an rùm tarsainn bhuam. Bha dùil agam an toiseach gun robh mi ag aisling oir cha robh mo shùilean a' creidsinn an rud a bha mi a' faicinn.

Bha dithis ann an gùn-oidhche fada geal agus iad dìreach a' coimhead orm. 'S e balach agus nighean a bh' ann mu aois trì-deug agus aon-deug. Bha iad a' coimhead gu geur orm agus chrath mi mo cheann ach am falbhadh an sealladh a bha mum choinneamh. Choimhead mi air m' uaireadair a bh' air an dreasair bheag rim thaobh airson dèanamh cinnteach nach robh mi fhathast nam leth-chadal. Bha an uair mar a bha dùil agam — mu leth uair an dèidh trì sa mhadainn — agus dh'aithnich mi gun robh mi nam dhùisg gun teagamh. Bha rudeigin mì-nàdarra agus os-nàdarra mum choinneamh. Thug mi sùil an-dràsta 's a-rithist agus an uair sin chuir mi mo cheann fon phlaide le eagal dearg mo bheatha. Chaill mi mo neart agus cha b' urrainn dhomh gluasad no bruidhinn leis an eagal.

An ath shùil a thug mi, 's ann a rinn an nighean fiamh-ghàire agus le a corrag, thòisich i a' toirt cuireadh dhomh a dhol thuca agus bha mi cinnteach a-nis gun robh am bàs gam ghairm. Cha mhòr nach deach mi à cochall mo chridhe. Bha mi gun lùths agus air chrith leis an eagal agus mi nis reòite nam staid a' feitheamh...

Dh'fhairich mi gun robh tìm air stad. Mhothaich mi gun robh an latha a' briseadh. Thug mi buille sùla agus cha robh càil air thalamh ri fhaicinn. Dè thachair agus càit an deach na manaidhean?

Dhùisg mi mo charaid nuair a thill beagan neirt thugam agus cha b' urrainn dhi creidsinn an nì a dh'fhiosraich mi. Bhuail e orm gu làidir gun robh na dh'fhiosraich mi co-cheangailte ri eachdraidh an



taighe air dhòigh air choreigin.

Fhuair sinn a-mach aig àm na bracaist eachdraidh dhuilich an taighe mus do cheannaich iadsan e. Bhàsaich bean an duine agus bha an duine fo throm-inntinn an dèidh sin agus mu dheireadh, chuir e às dha fhèin an ceann na bliadhna. Nas miosa buileach, an ceann dà bhliadhna, 's ann a chuir an dithis chloinne às dhaibh fhèin cuideachd. Dh'fhaighnich sinn dè an aois a bha iad. Bha am balach trì-deug agus an nighean aon-deug.

Bha sinn fo eagal mòr a' tilleadh air ais an oidhche sin, ach dh'fhairich mi gum feumainn tilleadh oir chan fhaighinn seachad air an eagal a-chaidh mura tillinn. Roghnaich mi 'an leabhar' a ghabhail an oidhche sin. Leugh mi am Bìoball agus gu cinnteach thug e neart dhomh agus dh'fhairich mi an t-eagal a' falbh gu ìre.

Chaidh sinn a chadal, ach dhùisg sinn tron oidhche le fuaim doras a' bualadh. Bha am fuaim shìos an staidhre. Chaidh sinn sìos agus 's e rùm beag a bh' ann le uinneag fosgailte. Dhùin sinn an uinneag agus cha chuala sinn an còrr tuilleadh an oidhche sin. Bha mi taingeil gun do dh'fhuirich mi an dàrna oidhche oir chuidich e mi a' faighinn thairis air an eagal. Ach, bha sinn cho toilichte a' fàgail an taighe an-ath-mhadainn!

Earrann 2 **an cois Eacarsaich 5** *Solas neònach*

Fhuair am BBC fios gun deach solas neònach fhaicinn far chost an iar lapan a-raoir. Chunnaic tòrr dhaoine solas mòr uaine a' dol aig astar mì-nàdarra tro na speuran. Tha bhidiothan den t-solas air nochdadh air na meadhanan sòisealta le mòran dhaoine a' creidsinn gur e UFO a bh' ann. Thuir aon bhoireannach, a rinn bhidio dhen t-solas ann an Tokyo, "Chan eil fhios agam idir dè bh' ann. Bha e do-chreidsinneach. Bha e a' siubhal fada na bu luaithe na pleàn. Cha robh mi riamh a' creidsinn ann an UFOan ach a-nis chan eil mi cho cinnteach!

A rèir neach-labhairt NASA, cha robh dùil aca ri meteoran san sgìre sin a-raoir. Cuideachd, chan eil fianais aca gun do thuit meteor gu talamh. Cha robh Ministearachd an Dìon ann an lapan deònach a ràdh no a dhol às àicheadh gun robh iad ag obair san sgìre a-raoir.

Earrann 3 **an cois Eacarsaich 8b** *Naidheachd bàis*

Chaidh corp fireannaich a lorg feasgar an-dè ann an Loch Asainte ann an Cataibh. Ged nach eil na poilis air dearbhadh cò th' ann, tha amharas ann gur e corp Mhurchaidh Ghrannnd a th' ann. Chaidh Mgr Grannd, a bha ag obair anns an sgìre, a dhìth o chionn beagan sheachdainean. Chaidh dithis fhireannach a cheasnachadh leis na poilis agus chaidh fear dhiubh a chur an grèim. Cha do dh'ainmich na poilis an duine sin fhathast. Thèid aithisg a chur gu Neach-casaid a' Chrùn an-diugh fhathast.
